'S ann tro [Vscene](#) a bhios a' bhuidheann a' coinneachadh [air-loidhne](#) agus bidh e fosgailte do leughadairean Gàidhlig aig ìre sam bith, ann an sgìre no dùthaich sam bith.

'S ann air Dimàirt 26 Ògmhios aig 7.00f a bhios a' chiad choinneamh agus bithear a' còmhradh mu dheidhinn *An Nathair le Dà Shùil Dhearg*, nobhail ùr le Màiri E. NicLeòid, foillsichte le Acair.

Ged as e buidheann-leughaidh a th' ann, chan fheumar an leabhar a chrìochnachadh airson pàirt a ghabhail anns a' chòmhradh agus cuiridh a' bhuidheann fàilte air leughadairean aig ìre sam bith, bho luchd-ionnsachaidh gu fileantaich.

Gheibhear lasachadh 10% air an leabhar ron choinneamh air [www.gaelicbooks.org](#) leis a' chòd LEUGHLEAM1. Tha an nobhail cuideachd ri fhaighinn mar e-leabhar air iTunes agus Kindle.

Ma tha thu airson pàirt a ghabhail anns a' bhuidheann, cuir fios gu Shelagh Chaimbeul aig Comhairle nan Leabhraichean ([shelagh@gaelicbooks.org](mailto:shelagh@gaelicbooks.org)) agus gheibh thu ceangal agus stiùireadh air mar a chleachdas tu [Vscene](#). Tha an teicneòlas furasta a chleachdadh – chan fheumar ach webcam agus maicreafòn.

'S dòcha gu bheil buidheann-leughaidh agad [mar-thà](#) – carson nach tig sibh còmhla air 26 Ògmhios airson pàirt a ghabhail anns a' chòmhradh!

Air an oidhche, bidh buidhnean a' cruinneachadh ann an oifisean [e-Sgoile](#) ann an Steòrnabhagh (44 Sràid Fhrangain) agus ann am bùth Chomhairle nan Leabhraichean ann an Glaschu (32 Sràid Achadh a' Mhansa). Ma tha thu a' fuireach faisg air na sgìrean sin, bhiodh fàilte bhlàth ort tighinn còmhla rinn aig 7.00f. (Bidh buidhnean a' cruinneachadh ann an sgìrean eile cuideachd – tuilleadh fiosrachaidh ri thighinn.)



**COMHAIRLE NAN  
LEABHRAICHEAN**  
THE GAELIC BOOKS COUNCIL

## Leugh Leam

### online Gaelic reading and conversation group

The Gaelic Books Council and e-Sgoil are establishing a new Gaelic reading group online, 'Leugh Leam' ('read with me'). The group will meet each month to discuss novels, short stories and non-fiction in Gaelic.

The group will meet online using Vscene and is open to Gaelic readers at all levels, in any area or country.

The first meeting will take place at 7.00pm on Tuesday 26<sup>th</sup> June, when we will be discussing *An Nathair le Dà Shùil Dhearg* by Mairi E. MacLeod, published by Acair.

Although it is a reading group, you do not need to have finished the book to join in the discussion and the group will welcome readers at all levels, from learners to fluent speakers.

A 10% discount will be available on the book before the meeting through [www.gaelicbooks.org](#), using the code LEUGHLEAM. The novel is also available as an e-book through iTunes and Kindle.

If you would like to take part in the group, contact Shelagh Campbell at the Gaelic Books Council ([shelagh@gaelicbooks.org](mailto:shelagh@gaelicbooks.org)) and you will receive a link and instructions on how to use Vscene. The technology is very simple to use – all that you need is a computer with a webcam and microphone.

Maybe you're part of a reading group already – why not meet up on the 26<sup>th</sup> June and join in the discussion together! Groups will be meeting in the e-Sgoil office in Stornoway (44 Francis Street) and in the Gaelic bookshop in Glasgow (32 Mansfield Street). If you live nearby, you will be more than welcome to join us at 7.00f. (Other group locations to be confirmed.)






buidheann leughaidh &  
còmhraidh air-loidhne  
*online Gaelic reading &  
conversation group*

**Dimàirt 26 Ògmhios**

*Tuesday 26th June*

**19.00 (GMT)**



- fosgailte dhan a h-uile duine, aig a h-uile ìre
- chan fheumar ach coimpiutair le webcam & maicreafòn
- chan fheumar an leabhar a chrìochnachadh airson pàirt a ghabhail
- *open to everyone, at all levels of Gaelic*
- *all you need is a computer with a webcam & microphone*
- *you don't need to have finished the book to take part*

lasachadh 10%  
Cleachd còd **LEUGHLEAMI**  
air [www.gaelicbooks.org](http://www.gaelicbooks.org)  
10% discount  
Use code **LEUGHLEAMI**  
on [www.gaelicbooks.org](http://www.gaelicbooks.org)

airson tuilleadh fiosrachaidh air mar a ghabhas tu pàirt anns a' bhuidheann,  
cuir fios gu Shelagh Chaimbeul:

*For information about how to take part in the group, contact Shelagh Campbell:*

**[shelagh@gaelicbooks.org](mailto:shelagh@gaelicbooks.org)**

**+44 141 337 6211**

[gaelicbooks.org](http://gaelicbooks.org)



COMHAIRLE NAN  
LEABHRAICHEAN  
THE GAELIC BOOKS COUNCIL



[e-sgoil.com](http://e-sgoil.com)

# Lòchran

## CÈILIDH ANN AN GLASCHU

An ath sheachdain bidh cèilidh ann mar phàirt dhen Fhèis Thaobh an Iar le ioma-seòrsa cleas is seinn na lùib.

Seallaidh ‘Taigh-Cèilidh’ feadhainn de na seinneadairean is luchd-ciùil as cliùitiche sa Ghàidhlig is nam measg bidh: an seinneadair is sgrìobhaiche Griogair Labhruidh, Kathleen NicAonghais à Uibhist a Deas, agus dithis bhon chòmhlan SIAN; Eilidh NicCarraig is Ceitlin Nic a’ Ghobhainn. A bharrachd air an sin bidh dannsairean, còisirean, neach-ciùil agus an còmhlan Deoch ‘n’ Dorus a’ cluich ceòl dannsaidh.

Tha an oidhche, a tha air a chur air dòigh leis An Lòchran, ag amas air tlachdas, 's mar sin rach dhan bhàr, cleachd an làr-dannsaidh, thigebh ann le caraidean airson na bùird a' lìonadh.

Thuir Iain Beggs, Oifigear Leasachaidh An Lòchran: “Tha an Lòchran toilichte, a-rithist, a bhì ag obair le buidheann a tha cho tàlantach. 'S e prìomh amais na h-oidhche cèilidh thradaiseanta a thoirt gu Fèis Thaobh an Iar an àite cuirm seithrichean 's mar sin thigebh ann airson beagan fealladhà.”

'S ann ann an Talla Bhaile Phartaig, Partaig a bhios an cèilidh, 2 An t-Ògmhios aig 7:30f. Gheibhear tiogaidean aig [www.eventbrite.co.uk/e/taigh-ceilidh-tickets-44876562005](http://www.eventbrite.co.uk/e/taigh-ceilidh-tickets-44876562005) prìs £6+BF.

## CÈILIDH IN GLASGOW

Glasgow's West End Festival will next week host a traditional Gaelic cèilidh with an array of performers.

‘Taigh-Cèilidh’ will feature some of Scotland's finest singers and musicians including: renowned singer and composer Griogair Labhruidh, South Uist treasure Kathleen MacInnes, and Skye and Lewis singers Eilidh Cormack and Ceitlin LR Smith who form two-thirds of the singing group SIAN. The night will also feature a combination of dancers, choirs, and musicians and house-band Deoch ‘n’ Dorus will provide music for set-dances.

The event, organised by Glasgow's Gaelic Arts development organisation An Lòchran, will focus on enjoyment so make best use of the bar, the large dance floor, seated tables ideal for groups, and don't be shy and join in on the choruses.

An Lòchran's Arts & Culture Development Officer, Iain Beggs, said: “An Lòchran are delighted to work, once more, with some of Gaelic's most talented performers. The aim of this event is to bring a community style cèilidh to the West End Festival in lieu of a sit-down concert so come along and enjoy yourself.”

The cèilidh takes place in Partick Burgh Hall, Partick on Saturday 2nd June 2018 at 7:30pm. Tickets for the cèilidh are available at [www.eventbrite.co.uk/e/taigh-ceilidh-tickets-44876562005](http://www.eventbrite.co.uk/e/taigh-ceilidh-tickets-44876562005) priced £6+BF.

**Greis-obrach Samhraidh**  
**Summer Placement**

**Oifgear Margaideachd Bliadhna na h-Òigridh**  
**Year of Young People Marketing Officer**

*Student placement on 12-week contract - 35 hours per week @ £8.75 per hour*

**Tha sinn a' sireadh oileanach airson na dreuchd shamhraidh inntinneach seo**  
**Tuilleadh fiosrachaidh, tuairisgeul obrach agus foirm-iarrtais**  
[feisean.org/feisean/obrach/obrach.htm/](http://feisean.org/feisean/obrach/obrach.htm)

**We are looking for a student to take up this exciting role**  
**Further information and application form**  
[feisean.org/en/jobs/](http://feisean.org/en/jobs/)

**Ceann-latha airson tagraidhean: 6 Ògmhios 2018 agus a' tòiseachadh air 18 Ògmhios 2018**  
**Closing date for applications: 6 June 2018 and starting on 18 June 2018**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' faotainn taic bho na buidhnean seo | Fèisean nan Gàidheal is supported by the following bodies



‘Eil Gàidhlig agad ‘s tu eadar 16-30 bliadhna a dh’ aois ann an Glaschu?

Thairis air a’ bhliadhna tha tighinn, tha sgioba **Caledonia TV** gu bhith a’ fiolmhadh sreath ùr de phrògraman airson **BBC ALBA** a’ leantainn beatha dhaoine òga ann an Glaschu, aig a bheil Gàidhlig. Ge bith dè tha dol agad, neo aig do chàirdean, tha sinn ag iarraidh cluinntinn mu dheidhinn.

Cò tha a’ tighinn a dh’ fhuireach anns a’ bhaile airson a’ chiad uair? Cò tha ceannach flat? Cò aig a bheil obair ùr? Cò tha cluich spòrs? Cò tha a’ fosgladh gnìomhachas? Càit am bi sibh a’ dol a-mach? Dè do naidheachd – seo prògram mu do dheidhinn agus air do shon!

Ma tha thu fhèin, neo cuideigin air a bheil thu eòlach gu bhith ann an Glaschu ‘sna mìosan a tha romhainn – agus sgeulachd inntinneach agad/aca – fàg teachdaireachd air an duilleag Facebook aca. <https://www.facebook.com/caledoniatv/>

Do you speak Gaelic and are 16-30 years old living in Glasgow?

Over the next year, the **Caledonia TV** team are going to be filming a new series of programmes for **BBC ALBA** that follows the lives of young, Gaelic-speaking adults living in Glasgow. We want to hear about what you or your friends have been up to.

Just moved to the city for the first time? Bought a flat? Just got a new job? Play any sports? Opening a new business? This is a programme about you, for you!

If you, or someone you know, are going to be in Glasgow in the next few months– and if you have an interesting story to tell– let Caledonia TV know on their Facebook page. <https://www.facebook.com/caledoniatv/>





# UofG

---

## Gàidhlig

Tha Oilthigh Ghlaschu a' cur fàilte air iarrtasan airson Taigh na Gàidhlig 18/19 gu ruige Diardaoin 31mh den Chèitean, 5.00f.

Tha an sgeama seo a' toirt cothrom do dh'oileanaich àrainneachd Ghàidhlig a chruthachadh dhaibh fhèin far an urrainn don Ghàidhlig a bhith na pàirt nàdarra ann am beatha làitheil nan oileanach.

Tha an sgeama fosgailte do dh'oileanaich sam bith air feadh Ghlaschu a tha fileanta sa chànan a dh'aindeoin dè an cuspair a bhios iad a' leughadh. Tha sinn cuideachd a' cur fàilte air iarrtasan bho bhuidhnean de luchd-labhairt a tha a' fuireach còmhla mu thràth neo ag amas air a bhith fuireach còmhla.

Gheibh oileanaich taic-airgead a dh'ionnsaigh pàirt de chosgaisean còmhnaidh tron sgeama (tha seo a' rèir maoinachadh gach bliadhna). Bidh dleastanasan ann do mhuinntir an taighe a thaobh iomairtean Gàidhlig tron a' bhliadhna, mar eisimpleir:

- Gàidhlig a bhruidhinn mar phrìomh chànan an taighe
- Tachartasan Gàidhlig san Oilthigh a fhrithéaladh
- Tachartasan Gàidhlig a chur air dòigh anns an Oilthigh neo taobh a-muigh
- Pàirt a ghabhail ann am farpais FilmG
- Susbaint inntinneach agus tarraingeach fhoillseachadh air cunntasan nam meadhanan sòisealta, Taigh na Gàidhlig

Ma bhios ceistean agaibh mun sgeama seo neo ma bhios sibh feumach air barrachd fios neo còmhradh neo-fhoirmeil mu dheidhinn, cuir fios gu:

### **Fiona Dunn**

Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig  
[fiona.dunn@glasgow.ac.uk](mailto:fiona.dunn@glasgow.ac.uk)

Glasgow University are welcoming applications for Taigh na Gàidhlig 18/19 until 31 May, 5pm.

This scheme gives Gaelic students on an opportunity to create a space where Gaelic can be a natural part of their every day student life.

The scheme is open to all students across Glasgow who are fluent in Gaelic even if they do not study Gaelic. We are also accepting applications from groups of speakers who are already living together or who are hoping to live together.

Students will receive financial support to go towards part of their accommodation costs through the scheme (this depends on funding each year). Housemates will be given responsibilities to undertake throughout the year, such as:

- Speaking Gaelic as the main language of the house
- Attending Gaelic events at the University
- Organising Gaelic events within the University and outside of the University
- Taking part in FilmG
- Publishing interesting and attractive content for Taigh na Gàidhlig social media accounts.

If you have any questions about the scheme or if you would like more information or an informal chat about it, please contact:

### **Fiona Dunn**

Gaelic Development Manager  
[fiona.dunn@glasgow.ac.uk](mailto:fiona.dunn@glasgow.ac.uk)

A bheil thu a' libhrigeadh chlasaichean, seiseanan-trèanaidh no a leithid, is son barrachd tuigse fhaighinn air ciamar a tha diofair dhaoine ag ionnsachadh? No a bheil Gàidhlig agad ach tha misneachd a dhìth ort airson a cleachdadh nad obair no air beulaibh dhaoine? No 's dòcha gu bheil thu dìreach son sgil ùr ionnsachadh is tachart ri daoine?

Bidh *Social Enterprise Academy (SEA)* a' tabhainn cùrsa '**Ionnsaich a' Neach-Trèanaidh' (Developing Facilitation Skills)** ann an Steòrnabhagh an-ath-mhìos, **26 & 27mh den Ògmhios**. 'S e cùrsa fad dà latha a bhios ann, air a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig le Anna Mhàrtainn às an Eilean Sgitheanach. Tha an cùrsa **an-asgaidh, ach feumar clàradh** ro làimh tron cheangal seo: <https://www.socialenterprise.academy/scot/developing-facilitation-skills-in-gaelic-medium-stornoway-june-2018>

Gheibhear barrachd fiosrachaidh air làrach-lìn *Social Enterprise Academy* <https://www.socialenterprise.academy/scot/whats-on/developing-facilitation-skills-in-gaelic-medium-480> no faodar brath a chur gu Lorna Jamieson air [lorna@socialenterprise.academy](mailto:lorna@socialenterprise.academy) no air 01463 238 088.

Tha *Social Enterprise Academy* cuideachd a' libhrigeadh prògram do sgoiltean anns a bheil iad a' toirt taic dhaibh gnìomhachasan beaga a thòiseachadh a tha air an dealbhachadh, leasachadh agus ruith le daoine òga eadar 3 is 18 bliadhna a dh'aois. Tha iad an-dràsta a' sireadh luchd-trèanaidh a bhiodh comasach an cùrsa seo a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Thuirt David Bryan, Manaidsear SEA airson nan Eilean agus na Gàidhealtachd: *'We employ tutors to inspire the pupils and enable the teachers to support the pupils in this work. Our tutors usually have a background in enterprise, communities or the third sector. Most importantly, they enjoy working with young people and understand that there is terrific learning to be taken from running a social enterprise in a school.'*

Ma tha ùidh agaibh p-fhèin no cuideigin as aithne dhuibh a bhith an sàs, cuiribh brath gu David air [david@socialenterprise.academy](mailto:david@socialenterprise.academy) no air 07887 515 500.

*The Social Enterprise Academy will be offering a course in 'Developing Facilitation Skills in Gaelic Medium' in Stornoway on 26<sup>th</sup> and 27<sup>th</sup> June. The two-day course will be taught through the medium of Gaelic and is **free of charge although attendees must register in advance**. Further information can be found on the SEA website <https://www.socialenterprise.academy/scot/whats-on/developing-facilitation-skills-in-gaelic-medium-480> or by contacting Lorna Jamieson on [lorna@socialenterprise.academy](mailto:lorna@socialenterprise.academy) or 01463 238 088.*

*The Social Enterprise Academy is also delivering a Social Enterprise in Schools programme aimed at supporting teachers in enabling pupils to set up social enterprises which are designed, developed and managed by young people aged between three and 18 years.*

*They are currently looking for tutors, normally with a background in enterprise, communities or the third sector, who could help them deliver the programme in Gaelic. If you or anyone you know would be interested please contact David Bryan on [david@socialenterprise.academy](mailto:david@socialenterprise.academy) or 07887 515 500.*



## DEVELOPING FACILITATION SKILLS IN GAELIC MEDIUM IONNSAICH A' NEACH-TREANAIDH

- Use facilitation and coaching techniques to support groups and individuals
- Incorporate learning principles in designing and delivering learning and training
- Learn in Gaelic medium

2 DAYS | STORNOWAY | 26 & 27 JUNE 2018





Prasgan Choir fundraising concert for Cyrenians  
Thomas Morton Hall, Leith Theatre, 28-30 Ferry Road  
Ticket info will follow  
9th June 2018 @ 7pm



with Kathleen Macinnes,  
Pàdruig Morrison,  
Amy Geddes & Donald Knox  
and Gràisg.



(Cyrenians is a Scottish Charitable Incorporated Organisation (SCIO), registered charity SC011052)

**Cùrsa Pìobaireachd is Drumaireachd (fo aois 18) còmhla ri Iain MacPhaidein agus Anndra Mac a' Phearsain  
02/07/18 - 06/07/18**

Cothrom air leth do dh'oileanaich fo 18 a bhith a' cur seachdain seachad anns an Eilean Sgitheanach agus a' cur prìomhachais air leasachadh agus leudachadh nan sgilean pìobaireachd agus drumaireachd aca. Tha an cùrsa seo ag amas air oileanaich eadar 12 is 18 bliadhna a dh'aois a tha air a bhith ri pìobaireachd airson greis cheana.

**U18's Piping & Drumming Summer Course with Iain MacFadyen and Andrew MacPherson  
02/07/18 - 06/07/18**

An excellent opportunity for U18s to spend a concentrated week on Skye focusing on developing and improving their piping and drumming skills. The course is open to those aged 12 - 18 who have a reasonable grasp of playing tunes on the pipes and will introduce students to new repertoire as well as working on technique.

Gheibh sibh barrachd fiosrachaidh an seo | More info here: <http://bit.ly/>



## Urram airson Iar-Phrionnsapal an t-Sabhail

Chaidh an t-seirbhis aig Iain Tormod MacLeòid, Iar-phrionnsapal Shabhail Mòr Ostaig, do dh'fhoghlam Gàidhlig aithneachadh le Comhailteachd Urramach air a thoirt dha le Comann Litreachais na h-Alba (ASLS) aig cuirm ann an Dùn Èideann Dihaoine 27 Giblean.

Buinidh Iain Tormod do Stafainn san Eilean Sgitheanach, agus chaidh a theagasg aig Àrd-sgoil Phort Rìgh, Oilthigh Ghlaschu agus Colaiste Foghlaim Chnoc Iòrdain. Thòisich e na dhreuchd aig Àrd-sgoil a' Phluic, far an robh e na thidsear eachdraidh agus, ann an 1983, b' e a' chiad òraidiche a chaidh fhasadh le Sabhal Mòr Ostaig, far an do leasaich e foghlam leantainneach agus àrd-fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Bidh an t-urrain seo air a bhuileachadh air daoine a tha, ann an iomadach dòigh, air cur gu mòr ri litreachas, cànanan is cultar na h-Alba agus bha Comhairle a' Chomainn airson saothair mhòr Iain Thormoid aithneachadh ann an leasachadh na Gàidhlig sna bliadhnaichean mòra a tha e air a bhith aig a' Cholaiste.

Thuir Ceannard an ASLS, An t-Ollamh Alison Lumsden, a tha na h-Ollamh ann am Beurla aig Oilthigh Obair Dheathain: "A bharrachd air a bhith a' stiùireadh còrr is 40 luchd-obrach foghlaim, tha Iain Tormod air urrainn mòr a chosnadh am measg oileanaich an t-Sabhail Mhòr mar Cheannard an Fhoghlaim. Tha còrr is 1000 oileanach air ceumnachadh a-nis bhon Cholaiste agus faodar a ràdh gu bheil e air taic a thoirt don a h-uile duine aca, ann an dòigh air choreigin, a leig leotha an cuid foghlaim a choileanadh gu soirbheachail. Tha lèirsinn, spionnadh, dìcheall agus suairceas Iain Thormoid air cur gu mòr ri leasachadh na Gàidhlig ann an Alba. Tha Sabhal Mòr Ostaig a' ciallachadh Iain Thormoid do mhòran agus anns a' bhliadhna a leigeas e dheth a dhreuchd, tha e na thoileachas mòr do ASLS gun urrainn dhuinn a chlach-mhìle air leth a chomharrachadh."

Thuir Prionnsapal Sabhal Mòr Ostaig, An t-Ollamh Boyd Robasdan: "Tha Iain Tormod làn airidh air an urrainn seo bho Chomann Litreachais na h-Alba a tha ag aithneachadh na tha e air a dhèanamh gus a' Ghàidhlig ath-bheothachadh agus suidheachadh na Gàidhlig ann am foghlam a neartachadh is a leasachadh. Cha bhiodh Sabhal Mòr Ostaig air an àrd inbhe a th' aige an-diugh a chosnadh mar ionad àrd-fhoghlaim gun cheannas, lèirsinn, mhòr shaothair agus dhealasachd Iain Thormoid. Tha e iomchaidh gu bheil sin air aithneachadh a-nis ann an caochladh dhòighean le diofar bhuidhnean."



## Sabhal Mòr Vice Principal made Honorary Fellow

John Norman MacLeod, Vice Principal of Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for Gaelic Language and Culture, was made an Honorary Fellow of the Association for Scottish Literary Studies (ASLS) at an event in Edinburgh on Friday 27 April.

A native of Staffin on the Isle of Skye, John Norman was educated at Portree High School, Glasgow University and Jordanhill College of Education. He began his career at Plockton High School, where he was a teacher of history. Then in 1983, he became the first lecturer to be appointed to Sabhal Mòr Ostaig, where he developed and managed the introduction of full-time Further and Higher education courses through the medium of Gaelic.

This honour is given to those who have made, in various ways, outstanding contributions to the literature, languages and culture of Scotland and the Council of the Association wished to recognise the immense contribution John Norman has made to the furtherance of Gaelic during his long period of service at Sabhal Mòr Ostaig.

The President of ASLS, Professor Alison Lumsden, who is Professor in English at the University of Aberdeen, said: "The dynamic leader of an academic staff of over 40, John Norman is also the highly respected and popular Director of Studies to the students at Sabhal Mòr. More than 1000 graduates have now passed through the College and it would be no exaggeration to say that he has supported each one of them, in some way, to complete their studies successfully. His vision, energy, determination and charisma have made a truly massive contribution to the development of Gaelic in Scotland. His name is synonymous with Sabhal Mòr and in this year of his retirement ASLS is delighted to recognise his magnificent achievement."

Professor Boyd Robertson, Principal of Sabhal Mòr Ostaig, said "John Norman richly deserves this award from the Association for Scottish Literary Studies which recognises the enormous contribution he has made to the Gaelic revival as a whole and, in particular, to the expansion and development of Gaelic education. Sabhal Mòr Ostaig would not have attained the high status and profile it now has as a higher education institution were it not for John Norman's leadership, vision, industry and commitment. It is fitting that this is now acknowledged in diverse ways by a variety of bodies."



## Pròiseact Ealain na Bun-Soile ga thaisbeanadh aig Sabhal Mòr Ostaig

Thèid a' phròiseact ealain lèirsinneach, *An Cuan Sgìth / The Little Minch*, a thaisbeanadh aig Sabhal Mòr Ostaig bhon 14 Chèitean. Tha a' phròiseact air a bhith a' ruith airson dà bhliadhna, le iomlaid eadar clann Bun-sgoil Shlèite san Eilean Sgitheanach, agus clann Bun-sgoil Bhaile a' Mhanaich, Beinn na Faoghla. Bha a' chlann ag obair còmhla ris an luchd-ealain proifeiseanta Julie Brook, Ceit NicDhòmhnaill agus Kath NicLeòid anns a' Ghàidhlig, fo stiùir Lasair Ealain agus le taic bho Shabhal Mòr Ostaig.

'S e amas a' phròiseact a bhith a' brosnachadh agus a' toirt chomasan do dhaoine òga ann a bhith a' dealbhadh na h-àrainneachd aca fhèin, ag obair le luchd-ealain gus na beachdan aca fhèin a chur an cèill agus tuigse ùr fhaighinn air àite an àraich.

An dèidh sreath de bhùithtean-obrach a' dealbhadh agus a' peantadh nan àrainneachdan aca fhèin, thadhail clann Bhunsgoil Shlèite air clann Bheinn na Faoghla fad 3 latha, far an d' fhuair iad cothroman obrachadh còmhla ann an caochladh àiteachan, falbh gu tachartasan feasgair sa Ghàidhlig agus a' togail charaidean ùra. Aig deireadh an turais, ghabh sgoilearan Bhaile a' Mhanaich an aiseag thar a' Chuain Sgìth gu ruige an Eilein Sgitheanaich, a' dealbhadh còmhla ris a' chlann Sgitheanach agus na tidsearan aca air a' bhàta. Dh'ionnsaich gach buidheann mar a chruthaicheas iad pìosan-ealain de dh'àiteachan sònraichte san àrainneachd, stèidhichte air dealbhan leabhair-sgeidse, agus a' chlann a' co-obrachadh air dealbhan mòra gual-fhiodha.

'S e na leabhraichean-sgeidse, dealbhan mòra gual-fhiodha agus fiolm den pròiseact a bhios mar phàirt den taisbeanadh agus iad a' sealltainn turas ealanta agus fiosaigeach na cloinne. Chaidh an obair ealain a thaisbeanadh na bu thràithe am bliadhna aig Taigh Chearsabhagh, Uibhist a Tuath, agus thathar dòchas gun tèid a shealltainn an Inbhir Nis nas fhaide air adhart sa bhliadhna.

Chaidh am pròiseact seo a mhaoinachadh le Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar, Young Films agus Lasair Ealain.

**An Cuan Sgìth 15 Cèitean – 25 Ògmhios 2018 An Atrium, ACC, SMO**



## Visual Arts School Exchange Project to be Exhibited at Sabhal Mòr Ostaig

The visual arts exchange project, *An Cuan Sgìth / The Little Minch*, will be exhibited at Sabhal Mòr Ostaig from 14<sup>th</sup> May and will run until 25<sup>th</sup> June 2018. An Cuan Sgìth is a two year visual arts exchange project between young people from Bun-sgoil Shlèite, Skye and Bun-sgoil Bhaile a' Mhanaich, Benbecula. The pupils worked with professional artists Julie Brook, Kate Macdonald and Kath MacLeod (Arts Development Officer SMO) through the medium of Gaelic, led by Lasair Ealain and supported by Sabhal Mòr Ostaig.

The aim of the project is to inspire and empower young people to draw their own environment, working with professional artists to encourage their individual forms of expression and a greater understanding of where they live.

After a series of drawing and painting workshops in their own landscapes the children from Bun-sgoil Shlèite visited the pupils in Benbecula for 3 days, enabling the children to work together with the artists in different sites, share evening activities through Gaelic and make new friends. At the end of the visit the Balivanich pupils made the ferry journey across to Skye over An Cuan Sgìth (The Little Minch) drawing on the ferry with the Skye pupils and their teachers. Subsequently each group learnt how to create compositions of specific areas of their landscape based on a number of their sketchbook drawings, enabling the children to collaborate and work together on large scale charcoal drawings.

The sketchbooks, framed A1 drawings, large scale charcoal compositions and a film of the project form the exhibition that express their artistic and physical journey. The work has already been shown in Taigh Chearsabhagh, North Uist and it is hoped that it will go on to exhibit in Inverness later in the year.

The project has been funded by Bòrd na Gàidhlig, Western Isles Council, Lasair Ealain and Young Films.

**An Cuan Sgìth 15 May- 25 June 2018, Atrium, ACC, SMO**



# new tradition



## hebridean sky album launch concert

With support from

Iain Angus Macleod

and

Amy MacKay

**Tarbert Community Centre, Harris**

**Saturday 23rd June @ 8.00 p.m.**

**Doors open 7.30 p.m.**

**Admission £7 at the door    Licensed Bar**



## Care for a Cèilidh

'S e sgeama sònraichte a th' ann an "Care for a Cèilidh" far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus luchd-ciùil traidiseanta a' cumail cèilidhean ann an taighean-cùram eadar-dhealaichte. Chìthear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le "Care for a Cèilidh". Taing mhòr dhuibh uile.

"Care for a cèilidh" is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent "Care for a Cèilidh" events. Thanks to everyone who took part.


<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>



# Oisean an Luchd-ionnsachaidh

## Learners' Corner

with LearnGaelic



Fàilte air ais gu Oisean an Luchd-ionnsachaidh! Tha sinn an dòchas gu bheil an t-Earrach a' còrdadh riut. Tha sinn an seo airson innse dhuibh mu na rudan ùr a nochd air ar làrach-lìn sa Chèitean.

Welcome back to our Learners' Corner! We hope that you're enjoying the Spring. We're back to update you on what's been happening on our website in May.

Tha An Cèitean a' comharrachadh toiseach an t-samhraidh agus bhiodh na Gàidheil gu math measail air a' mhìos seo. Anns a' Ghàidhlig 's e [Là Buidhe Bealltainn](#) a th' againn fhathast air 1ad latha den Chèitean. Tha Ruairidh a' toirt sùil air ciall gach mìos den bhliadhna ann an [Litir 78](#) agus [Litir 79](#) anns an t-sreath [Litir do Luchd-ionnsachaidh](#).

May signals the start of summer and the Gaels were very fond of this month. In Gaelic the 1st of May is still known as [Là Buidhe Bealltainn](#), the 'yellow day of Beltane'. Roddy looks at the meaning for each of the months of the year in [Letter 78](#) and [Letter 79](#) of the [Letter to Gaelic Learners](#) series.

Dè am mìos as fheàrr leat fhèin? Lorgaidh tu liosta de làithean na seachdain agus na mìosan ann am [Fichead Facal](#).

What's your favourite month? You'll find a list of days of the week and months in [Fichead Facal](#) (Twenty Words).

An do choimhead thu a' Bhanais Rìoghail? No am bi thu a' dol gu banais as t-samhradh? Tha sinn air [liosta briathrachas bannse](#) a chur ri chèile airson cuideachadh le còmhraidh mun latha sònraichte.

Tha sinn gu math toilichte a ràdh gu bheil cothrom ann am-bliadhna do chuideigin le ùidh ann an teicneòlas agus Gàidhlig. Tha MG ALBA agus Bòrd na Gàidhlig air tighinn còmhla gus [Sgoilearachd LearnGaelic airson MSc ann an Geamaichean Reachdmhor agus Mas-fhiorachd](#) a thabhann aig Sgoil Ealain Ghlaschu. Gheibh thu tuilleadh fiosrachadh anns an [Leabhar-lùil Sgoilearachd](#) seo (duilleag 24).

Tha ar caraidean aig *Gàidhlig san Dachaigh* ann an Dùn Omhain a' sireadh oide ùr gus clasaichean a theagasg bhon Lùnastal a-mach. Ma tha thu ag iarraidh an tuilleadh fios, cuiribh brath gu [csatch@gmail.com](mailto:csatch@gmail.com).

Tha sinn an-còmhnaidh toilichte cluinntinn bhuaibh. Ma bhios tu a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta lorgaidh sibh sinn air [Facebook](#), [Twitter](#) is [Instagram](#). Cuideachd faodaidh tu post-d a chur thugainn gu [mairi@learngaelic.scot](mailto:mairi@learngaelic.scot). Gheibhear ar cuairt-litir sheachdaineach fhaighinn le bhith a' leigeil fios thugainn air post-d.

Did you watch the Royal Wedding? Or will you be attending a wedding this summer? We've compiled a [list of wedding vocabulary](#) to help you discuss the special day.

We are really happy to announce that there is an opportunity this year for someone with an interest in technology and Gaelic. MG ALBA and Bòrd na Gàidhlig have come together to offer a [Learn-Gaelic Scholarship for an MSc in Serious Gaming and Virtual Reality](#) at the Glasgow School of Art. You will find more information in this [Scholarship Guide](#) (page 24).

Our friends at Dunoon's *Gaelic in the Home* class are looking for a new tutor to start leading classes from August. If you are interested in finding out more, please contact [csatch@gmail.com](mailto:csatch@gmail.com).

We're always pleased to hear from you. If you're on social media you'll find us on [Facebook](#), [Twitter](#) and [Instagram](#). You can also email us with any questions to [mairi@learngaelic.scot](mailto:mairi@learngaelic.scot). You can subscribe to our weekly newsletter via email too.

## Gnàthasan-cainnt na mìosa | Idioms of the month

[www.learnGaelic.scot/dictionary](http://www.learnGaelic.scot/dictionary)



### **AN LÀMH A BHEIR IS I A GHEIBH**

fuaim / pronunciation [bit.ly/1s1rW7D](http://bit.ly/1s1rW7D)

The meaning of this idiom is "the hand that gives, receives".

### **MAR A BHITH A' BRUIDHINN RI EACH NA CHADAL**

fuaim / pronunciation [bit.ly/1AZtKOH](http://bit.ly/1AZtKOH)

This is a great expression! It literally translates as "like talking to a sleeping horse" and is used in the same way as the English expression "like talking to a brick wall".

### **CHA CHREID AN ÒIGE GUN TIG AN AOIS**

fuaim / pronunciation [bit.ly/1AA4nEK](http://bit.ly/1AA4nEK)

This idiom means "youth don't believe that old age will come".


### **SIUBHAL GUN SIÙCAR**

fuaim / pronunciation [bit.ly/1rCSbCw](http://bit.ly/1rCSbCw)

A literal translation is "a journey without sugar" and means "a wasted journey, a wild goose chase".

## Luchd-Tòiseachaidh | Beginners

[www.learnghaelic.scot/beginners](http://www.learnghaelic.scot/beginners)



We've been looking at [units 18– 22 of our Beginners' Course](#) this month. One of the subjects that we looked at was *numbers* and *telling the time*. Do you know all of the following?

a h-aon	one	a ceithir	four
a dhà	two	a còig	five
a trì	three	a sia	six

*Speaking Our Language* has an episode that helps with [asking and telling the time in Gaelic](#). There's all the episode clips and an online worksheet.

Also, the *Little by Little* series has a comprehensive unit about [simple counting and reading the clock](#).

Also, we've added one new [20 Words](#) list this month. It's vocabulary for talking about [a wedding day](#).

## Cleachd Gàidhlig | Use Gaelic

[www.learnghaelic.scot/useghaelic](http://www.learnghaelic.scot/useghaelic)



Seo goireasan do dhaoine a tha seachad air ìre ‘neach-tòiseachaidh’.

### **Litir do Luchd-ionnsachaidh (Letter to Gaelic Learners)**

Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal.

Tha faidhle-fuaim, teacsa, briathrachas agus puingeann cànan rim faighinn annta.

Litir 980 [Uilebheist Ratharsair](#) (1)

Litir 981 [Uilebheist Ratharsair](#) (2)

Litir 982 [Na dathan aig Bran](#)

Litir 983 [Gràinne 's am buidseach glas](#)

### **An Litir Bheag (The Little Letter)**

Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal.

Bidh iad seo cuideachail do luchd-ionnsachaidh a tha seachad air ìre-tòiseachaidh.

Tha faidhle fuaim, teacsa agus eadar-theangachadh an cois gach litir.

Litir Bheag 976 [Uilebheist Ratharsair](#) (1)

Litir Bheag 977 [Uilebheist Ratharsair](#) (2)

Litir Bheag 978 [Na dathan aig Bran](#)

Litir Bheag 979 [Gràinne 's am buidseach glas](#)



This is our ‘post-beginner’ section with resources to develop your Gaelic skills.

BBC Radio nan Gàidheal’s weekly letter to Gaelic learners. Sound files, text, vocabulary and language notes included.

Letter 980 [Monster of Raasay](#) (1)

Letter 981 [Monster of Raasay](#) (2)

Letter 982 [Bran’s colours](#)

Letter 983 [Gràinne and the grey wizard](#)

BBC Radio nan Gàidheal’s weekly letter to Gaelic learners.

These will be helpful to learners who are beyond a beginners’ level and want to read more.

Audio, text and translation accompany each letter.

Little Letter 976 [Monster of Raasay](#) (1)

Little Letter 977 [Monster of Raasay](#) (2)

Little Letter 978 [Bran’s colours](#)

Little Letter 979 [Gràinne and the grey wizard](#)

## Coimhead Gàidhlig | Watch Gaelic

Criomagan bhidio às aonais fo-thiotalan bho phrògraman BBC ALBA le tar-sgrìobhadh Gàidhlig, eadar-theangachadh Beurla agus briathrachas.

[An dùbhlán ùr aig Dòmhnall Meek](#)

[Na cèicean beaga Bhictoria aig Màiri](#)

[Meg Bateman a' còmhradh ri Dòmhnall Moireasdan](#)

[Sgeulachd mun adag](#)

[Sheinn Am Bàrd – Òran air don Bhàrd a dhol air Tìr san Èiphit](#)

Un-subtitled clips from BBC ALBA programmes with a Gaelic transcription, an English translation and vocabulary.

[Donald Meek's new challenge](#)

[Màiri's mini Victoria sponges](#)

[Meg Bateman in conversation with Donald Morrison](#)

[A story about the haddock](#)

[A Song for the Poet going on Land in Egypt](#)

**COTHROM SGOILEARACHD**

Airson daoine le ùidh ann an Gèamaichean Reachdmhor agus Mas-fhìorachd

Maoineachadh airson cùrsa iar-cheumnaiche

Cothromon obrachaidh eile rim faotainn le LearnGaelic

**Learn Gaelic**

**GÀIDHLIG**

**SCHOLARSHIP OPPORTUNITY**

For those with an interest in Serious Games and Virtual Reality

Funded post-grad course

Internship and other opportunities available with LearnGaelic

# An Comunn Gàidhealach

## Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a  
Sràid Sheumais  
Steòrnabhaigh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2QN  
Fòn: 01851 703487  
Post-d: [peigi@ancomunn.co.uk](mailto:peigi@ancomunn.co.uk)

## Stornoway Office

Unit 7a  
James Street  
Stornoway  
Isle of Lewis  
HS1 2QN  
Phone: 01851 703487  
E-mail: [peigi@ancomunn.co.uk](mailto:peigi@ancomunn.co.uk)

## Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain  
40 Sràid Hunnaidh  
Inbhir Nis  
IV3 5HR  
Fòn: 01463 709705  
Post-d: [seonag@ancomunn.co.uk](mailto:seonag@ancomunn.co.uk)

## Inverness Office

Balnain House  
40 Huntly Street  
Inverness  
IV3 5HR  
Phone: 01463 709705.  
E-mail: [seonag@ancomunn.co.uk](mailto:seonag@ancomunn.co.uk)



**Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.**

*If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.*

[alison@ancomunn.co.uk](mailto:alison@ancomunn.co.uk)

01851 703487

[www.ancomunn.co.uk](http://www.ancomunn.co.uk)

